

A' togail Alba Ùr: An roinn mara againn ann an Alba neo-eisimeileach

BUILDING A NEW
SCOTLAND




Geàrr-chunntas

Tar-shealladh

Tha roinn mara na h-Alba a' gabhail a-steach àrainneachd mara, cladaich agus fìor-uisge na h-Alba, na gnìomhachasan agus na coimhearsnachdan a tha an eiseimeil oirre, agus an reachdas agus an saidheans a tha a' cumail taic rithe agus ga riaghladh. Tha an roinn a' toirt bhuannachdan eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail mòra do dh'Alba.

Mar nàisean eileanach agus mara, tha na cuantan, na cladaichean agus na h-eileanan againn cuideachd nam pàirt de ar dearbh-aithne nàiseanta agus ar dòigh-beatha. Tha àite ro-chudromach aig ar gnìomhachasan mara ann a bhith a' cruthachadh agus a' cumail suas obraichean ann an àiteachan air a' chosta agus sna h-eileanan, a' dèanamh cinnteach gum bi mòran choimhearsnachdan seasmhach san fhad-ùine.

Tha comas susbainteach a bharrachd aig roinn mara na h-Alba, ach cha choileanar an comas sin ach a-mhàin ma tha na làn chumhachdan againn gus an taic a thoirt dhan roinn a tha a dhìth oirre agus gus am prìomhachas a thoirt dhi air a bheil i airidh. Tha am pàipear seo a' mìneachadh mar a ghabhadh sin a choileanadh le neo-eisimeileachd.



Luach roinn na mara ann an Alba

Tha roinn mara na h-Alba gu math mòr, làidir agus luachmhor. Tha na cuantan againn faisg air sia tursan nas motha na fearainn na h-Alba agus tha iad a' dèanamh suas faisg air dà thrian den raon mara air fad a tha fo smachd na RA. Tha roinn mara na h-Alba cuideachd a' cur gu mòr ri soirbheachas na h-Alba, a' cruthachadh £5 billean ann an luach-leasaichte uile gu leir ann an 2019 agus a' dèanamh suas 3.4% de dh'eaconamaidh iomlan na h-Alba.

Taobh a-staigh na RA, tha a' chuibhreann as motha de stòrasan mara aig Alba. Ann an 2022, mar eisimpleir, bha 62% de luach agus 67% de chuideam a' bhiadh-mara air fad a chaidh a thoirt air tìr le soithichean iasgaich na RA aig Alba agus b' e bradan a' Chuain Siar a rinneadh ann an tuathanachasan-mara ann an Alba an às-mhalairt bìdh a bu mhotha san RA. A bharrachd air na gnìomhachasan stèidhichte seo, tha roinnean ann a tha a' tighinn am bàrr agus a' fàs ann an Alba cuideachd, a' gabhail a-steach turasachd mara agus feamainn, a tha a' sìor fhàs cudromach ann a bhith a' cruthachadh obraichean ann am mòran choimhearsnachdan cladaich is eileanach.

Tha comas nach beag a thaobh cumhachd gaoithe aig cuantan na h-Alba cuideachd, le leasachaidhean leithid ScotWind a' toirt seachad cothrom gun samhail taic a thoirt dhan eadar-ghluasad bho chonnadh fosail gu connadh ath-nuadhachail agus gus dèanamh cinnteach gum bi solar lùtha glan agus tèarainte ann.

Tha an àrainneachd mara againn cuideachd cudromach is luachmhor a thaobh eag-eòlais, le iomadachd mara mòr agus àireamhan de phlanntaichean is bheathaichean mara aig a bheil cudromachd chruinneil, a' gabhail a-steach eòin-mhara, feusgain neamhnaid fìor-uisge agus ceilp.

Tha eachdraidh làidir aig Alba a thaobh a bhith a' dìon na h-àrainneachd mara againn tro ar lionra de Sgìrean Mara Dìonta. Tha e soilleir, ge-tà, gu bheil feum air atharrachadh a bharrachd gus aghaidh a chur air dà èiginn: atharrachadh na gnàth-shìde agus call bith-iomadachd. Sin as adhbhar gu bheil sinn cuideachd ag obair le coimhearsnachdan gus dòighean a rannsachadh gus cur ri dìon na mara, agus gus gnìomh a ghabhail a tha a rèir meud nan dùbhlann gnàth-shìde agus nàdair a tha romhainn.

Crìochan a' bhun-reachd làithreach

Tha am pàipear a' mìneachadh mar a tha dòigh-obrach aig riaghaltasan làithreach agus seann riaghaltasan na RA air bacadh a thoirt air fàs roinn na mara, agus air gnìomhan a ghabhail a tha a' dol gu calg dìreach an aghaidh leas mara na h-Alba.

Dh'fhàg Alba an AE an aghaidh miann dheamocrataich a' mhòr-chuid de shluagh na h-Alba. Mar a chaidh a mhìneachadh sa pàipear, tha seo air fàgail:

- gu bheil Aonta Malairt is Co-obrachaidh leis an AE a tha a' fàgail Alba le nas lugha de chothroman iasgaich na bha aice fo Phoileasaidh Coitcheann an Iasgaich (CFP) airson cuid de ghnèithean
- gun deach cnapan-starra mòra ùra a chruthachadh a thaobh malairt biadh mara, ag àrdachadh cosgaisean teisteanais, pacaidh agus còmhhdail gu mòr airson às-mhalairt biadh mara dhan AE
- gun robh call saorsa gluasaid, cothrom nas lugha air luchd-obrach air feadh gnìomhachas a' bhidhe-mara, agus gu bheil cunnart ann bho chrìonadh-sluaigh ann an coimhearsnachdan cladaich is eileanach.

A bharrachd air Brexit, tha cumhachdan reachdail cudromach - a tha riatanach gus làn chomas mara na h-Alba a choileanadh - fhathast fo smachd Westminster a-mhàin. Tha sin a' gabhail a-steach comas glèidhte a thaobh dàimhean eadar-nàiseanta, a tha a' cur bacadh air a bhith a' cur air adhart leas na h-Alba agus a' cuingealachadh com-pàirt le Riaghaltas na h-Alba.

Mar thoradh air sin, chan urrainn do dh'Alba barganachadh airson a h-ùidhean iasgaich fhèin aig ìre eadar-nàiseanta agus tha prìomhachasan leithid bradan, a tha gu math nas cudromaiche do dh'Alba na dhan chòrr den RA, ann an cunnart leantainneach gun tèid seo a dhì-phrìomhachadh ann an còmhraidhean malairt-shaor na RA an taca ri gnothaichean eile na RA.

Tha buaidh cuideachd air a bhith aig Riaghaltas Bhreatainn air cumhachdan Pàrlamaid agus Riaghaltas na h-Alba a tha air sealltainn uair is uair gu bheil iad deònach eadar-theachd a dhèanamh ann an co-dhùnaidhean tiomnaichte ann an raointean leithid maoineachadh mara, agus a tha a' feuchainn ri prìomh dhìonan àrainneachd na mara a gheibhear tro bhallrachd san AE a lùghdachadh.

Roinn mara na h-Alba agus neo-eisimeileachd

Bheireadh neo-eisimeileachd comas do Riaghaltas agus Pàrlamaid na h-Alba na prìomh cho-dhùnaidhean a dhèanamh mu na tha an dàn do roinn mara na h-Alba. Dh'fhaodadh Alba cumail ri modhan-obrach a th' ann mar-thà far a bheil e ciallach sin a dhèanamh, ach cuideachd dh'fhaodadh i roghainnean fìor eadar-dhealaichte a dhèanamh a tha a rèir feumalachdan agus suidheachaidhean sònraichte na h-Alba.

Le neo-eisimeileachd, dh'fhaodadh Alba cur a-steach airson ballrachd san AE, a' toirt cothrom gun bhacadh do luchd-às-mhalairt biadh mara Albannach air a' mhargaidh shingilte as motha san t-saoghal. Gheibheadh ar gnìomhachasan biadh mara, coimhearsnachdan cladaich agus roinn saidheans mara buannachd bho shaorsa gluasaid taobh a-staigh an AE.


Mar bhall-stàite den AE, bhiodh Alba ann an deagh shuidheachadh airson cur gu cuideachail ri cruthachadh lagh an AE aig an àm seo agus san àm ri teachd leithid ath-leasachaidhean air Phoileasaidh Coitcheann an Iasgaich (CFP). Chleachdamaid ar cuid eòlais mara gus builean Phoileasaidh Coitcheann an Iasgaich agus prìomhachasan ro-

innleachdail eile an AE a libhrigeadh ann an dòigh cho èifeachdach 's a ghabhas, a' gabhail a-steach gluasad gu lùtha ath-nuadhachail agus a bhith a' fàs na h-eaconamaidh guirm.

Bhiodh e comasach dhuinn ar n-ùidhean mara a phrìomhachadh aig cridhe na Roinn Eòrpa agus cuibhreann cothromach de mhaoineachadh an AE a cho-rèiteachadh gus tasgadh a dhèanamh nar gnìomhachas biadh mara, nar coimhearsnachdan cladaich agus nar roinn saidheans mara.

Bhiodh guth aig Alba cuideachd air àrd-ùrlar cruinneil. Airson a' chiad uair bhiodh comas againn barganachadh aig ìre eadar-nàiseanta, a bhith a' dol còmhla ri buidhnean eadar-nàiseanta agus obrachadh ann an com-pàirteachas le dùthchannan eile air clàran-gnothaich mara cruinneil às ar leth fhèin.

Tha ar comas gun samhail ann an roinn na mara againn. Tha sinn a' dèanamh fiughair ri còmhradh cruthachail, fosgailte air an t-slighe air adhart as fheàrr airson roinn mara na h-Alba.



© Riaghaltas na h-Alba, 2023

Air fhoillseachadh le Riaghaltas na h-Alba, an t-Samhain 2023

Air a dhèanamh airson Riaghaltas na h-Alba le APS Group Scotland, 21 Sràid Tennant,
Dùn Èideann EH6 5NA PPDAS1377574 (11/23)